

Sabhal Mòr Ostaig

A' Cur Obair a-Steach

Mar as trice, bithear an dùil gum bi thu a' cur obair a-steach leis a' phost-d.

AN OBAIR FHÈIN

Coimhead air na tha agad ri dhèanamh ann an deagh àm. Ma bhios ceist sam bith agad mu dheidhinn, bruidhinn ris an òraidiche no oide agad.

CRUTH

- ♦ Cleachd meud puing 12 ann am font soilleir, m.e. Times New Roman no Arial 7c.

Seo meud puing 10

Seo meud puing 12

Seo meud puing 14

- ♦ Cleachd beàrnan dùbailte agus fàg beàrn a bharrachd aig toiseach gach earrainn ùire.
- ♦ Rangaich an teags gu clì:

Rangachadh clì

A thuilleadh air a' chruinneachadh phàipear fhèin, ge-tà, tha co-dhiù dà chruinneachadh MhicGilleMhìcheil eile am bith, fear ann an Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann, agus fear eile ann an Taigh-tasgaidh Taobh Siar na Gàidhealtachd anns a' Ghearasdan, ged as fhada bho chaidh an cothlamadh am measg thrusaidhean eile. [DUS]

- ♦ Cuir àireamhan duilleig ann.

ÀS-EARRANNAN

- ♦ Cuir às-earrannan goirid am broinn an teags fhèin, gan cumail am broinn chromagan turrach, mar a leanas:

Dh'fhaodte a ràdh a-rèiste gum b' e àrsaire a bha ann cho math ri neach beul-aithris: cuideigin a bha air a bheò-ghlacadh le cultar dùthchasach de gach uile seòrsa: 'all physical aspects of human life and society from portable artefacts, such as dress, to the equipment of production and structures and spatial layouts.'³ [DUS]

- ♦ Eagaich às-earrannan fada gun chromagan turrach, mar a leanas:

Chlàraich MacGilleMhìcheil tòrr air a' chuspair bhon bheul-aithris, a leithid an ainm-àite seo, a-rithist bho bhaile Àirigh a' Mhuilinn:

There is a cave on the Milton farm where the Prince lived for a time and a stone near by upon which a girl used to leave his food for him. When the Prince came to Milton to see Flora MacDonald he sat outside the house while [he] went in to speak to the young lady. The servant seeing a stranger sitting near the house went to look at him. The stone is still pointed out as Clach a['] Phrionnsa.²³ [DUS]

- ♦ Cleachd clò claoon (clò eadailteach) airson ainmean leabhraichean agus irisean, mar a leanas:

Bho shìn MacGilleMhìcheil ri beul-aithris a chlàradh aig toiseach nan 1860an, is e an sàs ann an iomairt *Popular Tales of the West Highlands* fo stiùireadh Iain Òig Ìle, bhiodh e a' sior sgrìobhadh sìos anns an dol seachad eisimpleirean de bhriathrachas a ghlac aire aig an àm, eadar seanfhacail, gnàthasan-cainnt agus, gu dearbh, facail fhèin aig an robh ciall shònraichte, air neo ciall ionadail shònraichte. [DUS]

Cuiridh Ragnall MacilleDhuibh cuideam san ro-ràdh dhe *The Gaelic Otherworld* air an fheum shòisealta a nì seachas nan sìthichean mar mhìneachadh do thinneas inntinn, dhroch dhìol san teaghlach agus chearban leis am beirear sinn. [MB]

- ♦ Cleachd cromagan turrach airson ainmean alt, dhàn no sgeulachdan am broinn leabhair:

Mu dheireadh thall, thàinig artaigil ann an clò fo ainm fhèin, cunntas mu thaigh-fo-thalamh a chladhaich e ann an Uibhist a Tuath, goirid do Mhansa Reumaisgearraidh far an robh e a' fuireachd eadar foghar 1870 agus samhradh 1871. B' e siud 'On a hypogeum at Valaquie, Island of Uist', a nochd anns an *Journal of the Anthropological Institute of Great Britain and Ireland* (1874). [DUS]

Ged a thug Somhairle MacGill-Eain iomadh rud ùr a-steach do litreachas nan Gàidheal, samhachas agus bitheileas Eòrpach nam measg, tha e sònraichte gur ann san fhàsach a chunnaic e na h-aislingean drùidhteach air a bheil a leithid 'Hallaig', 'Coilltean Ratharsair' agus 'An Cuiltheann' stèidhichte. [MB]

- ♦ Mar as trice, fàg às-earrannan anns a' chànan às an tàinig iad. Mas e 's nach eil cinnt an tèid an tuigsinn, cuir tionndadh Gàidhlig riutha, m.e.

Thig a' chiad earrann an seo à 'Altus Prosatur' le Colum Cille às an t-siathamh linn; thig an dàrna tè à *Saltair na Rann*, 7–8mh linn:

Magni Dei virtutibus appenditur dialibus

globus terrae et circulus abyssi magnae inditus²

(*Crochar an cruinne-cè le cumhachdan subhailc Dhè mhòir*

agus cearcall a' chuain domhainn mun cuairt air.)

Ri rochruthaig, nícuac cinte,

hicuairt na firmiminte,

domun delba derbda druing

mar ubull febda fircruind.³

(*Chruthaich an Rìgh, gun chrìoch air a dhealbhadh,*

*ann an sloc na h-iarmailt,
an cruinne àlainn, a tha ga mholadh aig na slòigh,
mar ubhal cruinn daingeann.) [MB]*

- ♦ Cleachd a’ Ghàidhlig mas e stuaidh-innse (ath-innse) a tha thu a’ dèanamh de rudeigin, m.e.

Bheir Iain MacAonghuis iomradh air an fhreagairt a gheibh e gu tric bhon luchd-agallaimh aige, nuair a dh’ fhaighnicheas e dhiubh an creid iad sna sìthichean: canaidh iad nach fhaic iad tuilleadh iad, chan ann a chionn ’s gu bheil na sìthichean air atharrachadh, ach a chionn ’s gu bheil iadsan air atharrachadh.²⁸ [MB]

TÙSAN

Bu chòir stiùireadh na Colaiste agus/neo OGE a thaobh thùsan a chleachdadh gu cunbhalach.

A’ SÒNRACHADH NA H-OBACH

- ♦ Cuir d’ ainm ris an obair. Mas e measadh a th’ ann, cleachd an àireamh oileanaich agad an àite d’ ainm.
- ♦ Dearbhaich gur h-e an obair agad fhèin a th’ innte, m.e.

Tha mi a’ dearbhadh gur h-e seo an obair agam fhèin.

- ♦ Ainmich am faidhle le d’ ainm, no, mas e measadh a th’ ann, leis an àireamh oileanaich agad, agus faca(i)l a shònraicheas cò am pìos obrach a th’ ann, m.e.

Catrìona NicLeòid - G2 - deasachadh.doc

no

00789533 - Bàrdachd - aiste.doc

A' CUR NA H-OBACH AIR FALBH

- ♦ Cuir am faidhle ann an cruth .doc, .docx no .rtf chun an òraidiche no oide leis a' phost-d ron cheann-latha.
- ♦ Faodaidh tu Groupwise a chur air bhonn ach an tèid innse dhut gu bheil an teachdaireachd agad air ruighinn.
- ♦ Cùm sùil air Groupwise, gun fhios nach robh duilgheadas ann aig a' cheann thall, m.e. nach gabhadh am faidhle agad fosgladh.

ANNS AN DEALACHADH

Faighnich do chuideigin mana h-eil thu cinnteach à rudeigin air neo mana h-eil fhios agad dè bu chòir dhut a dhèanamh.

Thugadh na h-eisimpleirean de theagsaichean shuas à [MB] Meg Bateman, 'Cruth na Tìre ann am Mac-meanmna nan Gàidheal', ann an Richard A.V. Cox, deas., *Dualchas agus an Àrainneachd: sin am fearann caoin* (Slèite: Clò Ostaig, 2009), 1–16; agus [DUS] Domhnall Uilleam Stiùbhart, 'Alasdair MacGilleMhìcheil agus Cultar Dùthchasach', ditto, 135–60.

17/8/10